



A' sgioblachadh an t-seòmar-teagaisg


Stiùreadh

Eòlasan agus Builean

Litearrachd agus Gàidhlig

Sgrìobhadh: cleachdadh agus a' cur òrdugh air fiosrachadh

LIT 1-25a/1-26a



Gnè sgrìobhaidh

A' sgrìobhadh liosta

Stuthan

Thoir air na sgoilearan smaoinichadh air carson a bhios daoine a' sgrìobhadh liostaichean.

Dèan liost de na seòrsaichean liostaichean a bhios daoine a' sgrìobhadh.

Tarraing aire nan sgoilearan chun an dòigh sa a bheil thu a' sgrìobhadh an liosta, a' sgrìobhadh aon rud fo rud eile.

Gnìomh sgrìobhaidh

Builean Ionnsachaidh

Dèan liosta de rudan air am feum thu cuimhneachadh le aon rud air a sgrìobhadh fo rud eile.

Gabhaidh an liosta a sgrìobhadh aig dà dhiofar ìre a rèir comas na cloinne:

Ìre 1 - Sgrìobhaidh an tidsear na chanas an sgoilear.

Ìre 2 - Sgrìobhaidh an sgoilear an liosta gun stiùireadh.



A' sgioblachadh an t-seòmar teasgasg

Riaghailtean a' chlas

CÙM AN CLAS SGIOBALTA

1. Glèidh na dèideagan.
2. Cuir na geamannan air falbh.
3. Cuir leabhraichean air ais air an sgeilp.
4. Tog rudan far an làir.
5. Cuir peansailean dha na poitean.
6. Sad sgudal dhan bhion.



7.

8.

9.

-
1. Ceart no ceàrr? Dè na rudan a tha fìor mu liosta?
Cleachd an liosta gu h-àrd mar eisimpleir agus thoir air na sgoilearan beachdachadh air freagairt nan ceistean a leanas:
A) Tha gach seantans a' tòiseachadh air loidhne ùr.
B) Tha liosta air a sgrìobhadh anns an aon dòigh ri sgeulachd.
C) Chan eil ach aon bheachd air a sgrìobhadh ris gach àireamh.
D) 'S e gnìomhair a th' anns a' chiad fhacal.
 2. Carson a rachadh riaghailtean a sgrìobhadh mar liosta?
 3. Smaoinich air trì riaghailtean eile a dh'fhaodadh tu a chur ris an liosta gu h-àrd.
 4. Carson eile a sgrìobhadh neach liosta?
Iarr air na sgoilearan beachdan a chumail nan cuimhne airson a' ghnìomh-sgrìobhaidh.



Riaghailtean

Sgrìobh liosta de riaghailtean a bhios aig clann a bhios a' dol a shnàmh. Smaoinich air na diofar rudan a dh'fheumas tu a dhèanamh mus tèid thu dhan bhùrn.


.....

.....

.....

.....

Cleachd na dealbhan gus do chuideachadh le riaghailtean a sgrìobhadh airson clann aon uair 's gun tèid iad dhan bhùrn.





A' sgrìobhadh liosta

Sgrìobh an liosta riaghailtean agad an seo.

	Riaghailtean an Amar-snàimh
<input type="radio"/>	1.
<input type="radio"/>	2.
<input type="radio"/>	3.
<input type="radio"/>	4.
<input type="radio"/>	5.
<input type="radio"/>	6.